



# **Plana Gnìomhachais 2010**

## Cunntas ar teachdaireachd

A bhith a' libhrigeadh, ann an com-pàirt le sòlaraichean eile, seirbheis foghlaim agus trèanadh aig àrd-ìre, a tha iomchaidh do fheumalachdan ionnsachaidh fad-beatha agus amasan an luchd-cleachdaidh, ann an raon farsaing de shuidheachaidhean.

## Gnè na Colaisde

Tha gnè na Colaisde airson cuideachadh le co-theacs a stèidheachadh gus am bi i air a riaghladh ann an dòigh ùraichte is èifeachdach, agus gus cuideachadh le bhith a' cur air adhart àrainneachd obrach is ionnsachaidh iomchaidh do choimhearsnachd na Colaisde.

Tha i airson dèanamh cinnteach gum bithear a' dèiligeadh ri oileanaich mar dhaoine fa-leth air tighinn gu ìre agus gu bheileas a' toirt dhaibh na tha comasach is dèante de dh'uallach, a' toirt a-steach uallach gnìomhach anns na co-dhunaidhean a bheir buaidh orra.

A bharrachd air a bhith a' faighinn na cothroman ionnsachaidh as fheàrr buileach, thèid a h-uile cothrom a thoirt do dh'oileanaich na sgìlean pearsanta is sòisealta aca a leasachadh agus, san fharsaingeachd, na buannachdan as fheàrr a tha comasach fhaighinn bhon fhèin-fhiosrachaidh aca sa Cholaisde.

## Ro-ràdh

Is e geàrr-chunntas den Phlana Leasachaidh Ro-innleachdail 2009-2012 a tha anns a' Phlana Gnìomhachais agus tha e a' toirt seachad ath-shealladh air amasan ro-innleachdail agus prìomh leasachaidhean na Colaisde thar na h-ùine dealbhaidh. Gheibhear làn-lethbhreac de Phlana Leasachaidh Ro-innleachdail na Colaisde 2009-2012 air làrach-lìn na Colaisde ([www.abcol.ac.uk](http://www.abcol.ac.uk)) no le iarratas gu Ms Pauline May, Rianadair Dealbhaidh is Àrd-riaghlaidh aig a' Cholaisde.

Ma tha thu ag iarraidh am foillseachadh seo ann an cruth eile, feuch an cur thu fios gu Ionad Fiosrachaidh is Glèidhidh (01224 612330) gus beachdachadh air na feumalachdan agad. Faodar am Plana Gnìomhachais iarraidh no faighinn thuige air-loidhne ann an grunn chànanan a bharrachd air Beurla.

## Cùl-fhiosrachaidh: A' Cholaisde

Mar an aon bhuidheann-sòlarachaidh as motha a tha a' toirt seachad foghlaim is trèanadh obrach air Iar-thuath na h-Alba, tha dleastanas cudromach aig Colaisde Obar Dheathain ann a bhith a' coinneachadh ri feumalachdan foghlaim is trèanadh dhaoine fa-leth, luchd-fastaidh is choimhearsnachdan ann an Baile Obar Dheathain agus Siorrachd Obar Dheathain.

Tha a' Cholaisde a' toirt seirbheis do sgìre fharsaing a tha faisg air 60 mìle tuath/deas agus 60 mìle taobh an iar bho Obar Dheathain fhèin, le faisg air 50% de na h-oileanaich aice a' fuireach taobh a-muigh Baile Obar Dheathain. Tha a' Cholaisde cuideachd a' toirt seachad barrachd is barrachd de sheirbheisean aig astar, nas fhaide a-mach na sgìre siubhal-obrach Obar Dheathain, ge-bith taobh a-staigh na h-àite-obrach, ann an coimhearsnachdan ionadail, no tro dhiofar shlighean.

Gach bliadhna, bidh Colaisde Obar Dheathain, mar a tha feadhainn eile, a' faighinn an cuid fhèin de mhaoin stèidhichte bho SFC le dùil gun libhrig iad ìre aontaichte de ghnìomhachd oileanach. Ma chuireas colaisde barrachd gnìomhachd air chois, chan fhaigh iad tuilleadh maoin eachaidh. Ann an 2008-09 chlàr a' Cholaisde àireamh WSUM de 155,301 ann an coimeas ri targaid ionmhas-SFC de 151,214 WSUM. Tha sin 4,087 WSUM no 2.7% os cionn na targaid.

Bha àireamh iomlan luchd-clàraidh eadar 2008-09 thairis air 34,300, agus nam measg bha 5,534 oileanaich làn-ùine (bha 2,257 air cùrsaichean foghlaim àrd-ìre, fhad's a bha 3,277 air clàradh airson foghlaim adhartach làn-ùine), agus bha 28,780 clàraichte pàirt-ùine. Le bhith a' cunntadh an àireamh a fhritheal gu h-iomlan (àireamh dhaoine fa-leth eadar-dhealaichte an làthair) thug a' Cholaisde seirbheis do 26,233 neach.

## Gnè na Colaisde

Tha gnè na Colaisde airson cuideachadh le co-theacs a stèidheachadh gus am bi i air a riaghladh ann an dòigh ùraichte is èifeachdach, agus gus cuideachadh le bhith a' cur air adhart àrainneachd obrach is ionnsachaidh iomchaidh do choimhearsnachd na Colaisde.

Tha i airson dèanamh cinnteach gum bithear a' dèiligeadh ri oileanaich mar dhaoine fa-leth air tighinn gu ìre agus gu bheileas a' toirt dhaibh na tha comasach is dèante de dh'uallach, a' toirt a-steach uallach gnìomhach anns na co-dhunaidhean a bheir buaidh orra.

A bharrachd air a bhith a' faighinn na cothroman ionnsachaidh as fheàrr buileach, thèid a h-uile cothrom a thoirt do dh'oileanaich na sgilean pearsanta is sòisealta aca a leasachadh agus, san fharsaingeachd, na buannachdan as fheàrr a tha comasach fhaighinn bhon fhèin-fhiosrachaidh aca sa Cholaisde.

# Amasan Ro-innleachdail

Le bhith a' coinneachadh ri feumalachdan foghlaim is trèanadh na coimhearsnachd agus taobh a-staigh co-theacs cunntas teachdaireachd na Colaisde, is e amasan ro-innleachdail na h-ùine dealbhaidh:

## A Riaghladh is Stiùireadh

Gus dèanamh cinnteach gu bheileas a' coileanadh prìomh amasan poileasaidh foghlaim Riaghaltas na h-Alba agus a' chlàr-obrach nàiseanta ann an dòigh a tha fosgailte is soilleir.

## B Ionmhas is cuisean ceangailte

Aig an ìre as ìsle, a' dèanamh coimeas eadar bliadhna is bliadhna gus buidseit cothromach a dheasachadh le bhith a' cur teachd a-steach gnìomhach fa chomhair chosgaisean, agus aig an aon àm a' gabhail chothroman cur ri tasgaidh ionmhais na Colaisde mar a bhios sin comasach a-rèir ionmhais a bhios ri fhaighinn.

## C Oighreachd is Àrainneachd

A' cur Ro-innleachd Leasachaidh Oighreachd na Colaisde an gnìomh, a' gabhail suim de dh'atharrachaidhean ionmhais is suidheachadh ionadail agus cùisean na Colaisde an làimhseachadh ann an dòigh a tha a' brosnachadh gnìomhachd adhartach agus urram don àrainneachd.

## D Co-ionannachd chothroman

Gus cur às do lethbhreith mì-laghail agus gus co-ionannachd chothroman do luchd-ionnsachaidh is luchd-obrach a bhrosnachadh thar gach raon de bheatha na Colaisde, co-cheangailte ri gnè, cinneadh, ciorram, aois, diadhachd no creideimh, taobhadh feise agus atharrachadh gnè gus dèanamh cinnteach gu bheil an àrainneachd ionnsachaidh is obrach saor bho lethbhreith.

## E Inbhe is Sàr-mhaitheis

Gus fèin-fhiosrachadh ionnsachaidh àrd-inbhe a bhrosnachadh a bheir a-steach, mar a bhios sin iomchaidh, teicneòlasan ùra agus modhan libhrigidh sùbailte agus a tha daingnichte le siostaman riaghlaidh inbheil èifeachdach, rèiteachadh leasachaidh proifeasanta do luchd-obrach agus cothroman do luchd-ionnsachaidh gus an tèid toraidhean ionnsachaidh adhartach an coileanadh.

## F Slighean nas fharsainge is com-pàirt

Gus cothroman foghlaim is trèanadh do dhaoine fa-leth, do choimhearsnachdan is do luchd-fastaidh a bhrosnachadh, le bhith a' tabhann chùrsaichean sùbailte, gnàthaichte agus a' toirt a-steach teicneòlasan ùra agus modhan libhrigidh sùbailte far a bheil sin iomchaidh; a bhith ag obair le cuid eile gus slighe a-steach do chothroman ionnsachaidh fad-beatha àrdachadh; agus gus in-ghabhail shòisealta a bhrosnachadh le bhith a' cur às do chnapan-stara ionnsachaidh.

## G Adhartachadh is Alt-labhairt

A bhith ag obair le sgoiltean, oilthighean is sòlaraichean eile gus a bhith a' cur ri adhartachadh is alt-labhairt luchd-ionnsachaidh a tha nas fhurasta agus nas luaithe, a dh-ionnsaigh agus taobh a-staigh foghlaim adhartach is àrd-ìre agus eadar foghlaim adhartach is àrd-ìre, a' toirt a-steach chùrsaichean obrach iomchaidh do sgoilearan.

## H Bun Sgilean Ionadail

Gus cumail a' cur ri comas togail sgilean ionadail is sgireil le bhith a' leasachadh clàr-oideachaidh a tha a' freagairt iarrtasan airson foghlaim obrach is trèanadh a tha a' toirt a-steach, far a bheil sin iomchaidh, comas obrach agus sgilean saoranachd, a' faighinn taic bho bhith ag obair le com-pàirtichean iomchaidh.

## I Co-obrachadh is Com-pàirtichean

Gus conaltradh is co-obrachadh le com-pàirtichean poblach, prìobhaideach is raointean saor-thoileach agus sòlaraichean eile a neartachadh anns na raointean foghlaim èignichte, adhartach is àrd-ìre, le bhith a' cur ri dealbhadh coimhearsnachd agus a' brosnachadh sealladh pongail ann a bhith a' libhrigeadh seirbheisean foghlaim is trèanadh.

## **J Clàr-oideachaidh freagarrach is sùbailte**

A bhith ag obair le cuid eile gus slighean nas fheàrr fhaighinn gu seirbheisean Colaisde le bhith a' sgrùdadh, a' rannsachadh agus ag aithneachadh feumalachdan dhaoine fa-leth agus a bhith a' sòlarachadh raon de sheirbheisean gus taic a chumail ri luchd-ionnsachaidh le barrachd ghoireasan, agus le sin a bhith a' brosnachadh in-ghabhail shòisealta agus ceartas sòisealta, ach aig an aon àm a' coinneachadh ri feumalachdan luchd-fastaidh anns gach raon anns a bheil a' Cholaiste an sàs.

## **K Adhartas agus coileanadh luchd-ionnsachaidh**

Gus dèanamh cinnteach gu bheileas a' sòlarachadh seirbheisean ionnsachaidh, teagaisg is taic do luchd-ionnsachaidh a tha èifeachdach gus an cuideachadh ann a bhith ag adhartachadh agus a' coileanadh toraidhean iomchaidh àrd-inbheil a thaobh teisteanasan agus sgilean obrach, comas obrach, saoranachd, pearsanta is sòisealta, agus cumail le bhith a' toirt luchd-ionnsachaidh, far a bheil sin iomchaidh, a-steach do bheatha is obair na Colaisde.

# **Rùintean Ro-innleachdail**

**Gus na h-amasan ro-innleachdail aice a choileanadh, tha a' Cholaiste air gabhail ri rùintean sònraichte co-cheangailte ri gach aon de na h-amasan.**

## **A Riaghladh is stiùireadh**

Gus dèanamh cinnteach gu bheileas a' coinneachadh ri prìomh rùintean poileasaidh foghlaim Riaghaltas na h-Alba agus clàr-gnothach nàiseanta aig ìre ionadail ann an dòigh a tha fosgailte agus soilleir, ni a' Cholaiste:

- Cinnteach gum bi Buill a' Bhùird Stiùiridh agus Àrd-mhanaidsearan na Colaisde a' gabhail pàirt ann an trèanadh agus leasachadh a tha iomchaidh gus taic a chumail ris na dleastanasan riaghlaidh is stiùiridh aca.
- Cinnteach gu bheil Bòrd is Luchd-riaghlaidh na Colaisde ag obair ann an dòigh a tha fosgailte is soilleir, a thaobh slighe fiosrachaidh do luchd-obrach, don phobaill agus do bhuidhnean taobh a-muigh, taobh a-staigh teannachadh dìomhaireachd malairt, dìomhaireachd pearsanta is riatanas reachdail.
- Cinnteach gu bheil Buill a' Bhùird Stiùiridh a' cumail ri Còd Giùlain a' Bhùird agus a' cumail ri bhith a' cur an gnìomh prionnsabalán dol-a-mach modhanail ann an obair a' Bhùird.
- Cleachdadh air modail iomchaidh gus measadh a dhèanamh air èifeachdas riaghlaidh is stiùiridh is deuchainn-luathais le buidhnean sàr-chleachdaidh gus aithne fhaighinn air raointean adhartachaidh
- Buill a' Bhùird Stiùiridh an cur an dreuchd aig a bheil na sgilean agus an eòlais deatamach gus inbhe ballrachd a chumail suas.

## **B Ionmhas is Cùisean Ceangailte**

Gus buidseit cothromach a chur an gnìomh, agus aig an aon àm a' gabhail chothroman cur ri tasgaidh ionmhais, ni a' Cholaiste na leanas:

- Stèidheachadh agus cur an-gnìomh smachd buidseit teachd-a-steach is calpa a tha a' toirt taic do dh'amasan is rùintean na Colaisde.
- Coinneachadh ri targaidean aontachta airson gnìomhachd na Colaisde gun lughdachadh ann an inbhe na seirbheis
- Lèirmheas air àireamh chùrsaichean na Colaisde gus dèanamh cinnteach gu bheileas a' faighinn luach an airgid àsta.
- Àrdachadh, bliadhna an dèidh bliadhna, air ìre prothaid a gheibhear bho ghnìomhachd malairteach.
- Leasachadh air rèiteachadh ceannach ann an dòighean a tha a' cur ri tasgaidh ionmhais na Colaisde agus a' simpleachadh phròiseasan ceannach
- Leasachadh air seallaidhean dealain ann an riaghladh chlàran na Colaisde gus a bhith a' simpleachadh riaghladh nan clàran agus gan toirt gu bun-thomhais
- Leasachadh air modail gnìomh airson sòlarachaidh is cuairteachaidh innealan-làimhe dealanach do dh'oileanaich làn-

ùine.

## C Oighreachd is Àrainneachd

Tro bhith a' cur an gnìomh Ro-innleachd Leasachaidh Oighreachd na Colaisde, agus le bhith a' làimhseachadh cùisean na Colaisde ann an dòigh a bhrosnaicheas gnìomhachd adhartach agus spèis don àrainneachd, bidh a' Cholaisde:

- Ag adhartachadh coileanaidh Ro-innleachd Leasachaidh na h-Oighreachd a chaidh a stèidheachadh leis a' Bhòrd Stiùiridh
- A' dèanamh lèirmheas air cleachdaidh sheòmraichean aig prìomh ionadan na Colaisde gus an t-seilbh as fheàrr fhaighinn agus gus a bhith a' lughdachadh feum air tuilleadh àiteachan a chleachdadh
- Ag adhartachadh àrainneachd chorporra na Colaisde a-rèir Ro-innleachd Leasachaidh Oighreachd na Colaisde
- A' brosnachadh seasmhachd àrainneachd gnìomhachd na Colaisde le bhith a' toirt gu buil agus a' cumail sùil air targaidean gus a bhith a' lughdachadh, ag ath-chleachdadh agus ag ath-chuairteachadh gus a bhith a' lughdachadh a' bhuidheann air gnìomhachd na Colaisde air an àrainneachd agus gus a bhith ag àrdachadh èifeachdas ghoireasan.

## D Co-ionannachd Chothroman

Gus a bhith a' cur às do lethbhreith mì-laghail agus a' brosnachadh co-ionannachd chothroman do luchd-ionnsachaidh is luchd-obrach anns gach raon de bheatha na Colaisde gus dèanamh cinnteach gu bheil àrainneachd ionnsachaidh is obrach saor bho lethbhreith, bidh a' Cholaisde:

- A' leasachadh sgeama singilte co-ionannachd a chòmhaicheas gnè, cinneadh, ciorram, aois, diadhachd no creideamh, taobhadh feise agus atharrachadh gnè gus dèanamh cinnteach gu bheil àrainneachd ionnsachaidh is obrach saor bho lethbhreith
- Ag ullachadh plana gnìomh bliadhnail, an dèidh co-chomhairleachaidh le luchd-obrach is daoine iomchaidh bhon taobh a-muigh, le rùintean airson a bhith a' brosnachadh co-ionannachd thar na seachd dualan agus a' dèiligeadh ri cùisean aithnichte sam bith
- A' dèanamh lèirmheas air gach trèanadh co-ionannachd is iomadachd agus a' dèanamh cinnteach gu bheil sin a-rèir an latha le reachdas gnàthaichte agus fosgailte don h-uile neach-obrach agus cùmhnantaiche tron Àrainneachd Ionnsachaidh Brigheil (VLE)
- A' ruith seiseanan leasachaidh luchd-obrach air co-ionannachd is iomadachd a dh'fheumas gach neach-obrach is cùmhnantaiche a fhrithealadh agus aithisgean cunbhalach a thoirt do mhanaidsearan a thaobh làthaireachd luchd-obrach
- A' dèanamh measaidhean buaidh co-ionannachd air poileasaidhean ùra sam bith agus a' dèanamh lèirmheas air gach measadh buaidh co-ionannachd a rinnear gus dèanamh cinnteach gun deach dèiligeadh ri cùis aithnichte sam bith
- A' foillseachadh aithisg co-ionannachd bliadhnail anns a bheil làn-fhiosrachadh mu bhith a' cumail sùil air cùisean reachdail.

## E Inbhe is Sàr-mhaitheis

Gus a bhith a' brosnachadh fèin-fhiosrachaidh ionnsachaidh sàr-inbheil do gach oileanach, bidh a' Cholaisde:

- A' dèanamh cinnteach gu bheil Ro-innleachd Leasachaidh Proifeasanta na Colaisde air a coileanadh gus am bi sgilean agus teisteanas a-rèir an latha aig gach neach-obrach aig a bheil buaidh gu dìreach air fèin-fhiosrachaidh an neach-ionnsachaidh gus am bi e comasach dhaibh prògraman sàr-inbhe agus taic èifeachdach a libhrigeadh do bhuidheann farsaing oileanach
- A' cur an gnìomh an teisteanas ùr trèanaidh dàrna-ìre 'A' cur taic ris an Neach-ionnsachaidh Soirbheachail' do luchd-teagaisg aig a bheil teisteanas teagaisg a bharrachd air TQFE no a fhuair TQFE o chionn co-dhiù 5 bliadhna
- A' dèanamh cinnteach gu bheileas a' cleachdadh dòighean teagaisg a-rèir an latha, a' toirt a-steach cleachdadh meadhan dealanach, anns gach raon den chlàr-oideachaidh le bhith a' sòlarachadh trèanaidh agus taic iomchaidh don luchd-obrach
- A' dèanamh cinnteach gu bheil a' Cholaisde a' cumail ri riathanasan Frèam-obrach Sàr-inbhe HMIe agus riathanasan an SQA agus buidhnean tabhartais eile gus am bithear a' cumail suas ìrean sàr-inbhe
- A' dèanamh cinnteach gum bi am Bòrd Stiùiridh, an Sgioba Àrd-stiùirichean, gach sgioba roinneil agus clàr-oideachaidh a'

dèanamh fèin-mheasadh bliadhnail gus a bhith a' tomhas coileanaidh na Colaisde fa chomhair slatan-tomhais sàr-inbhe HMle agus ag aithneachadh raointean airson adhartais

- A' leasachadh sgilean agus comasan gach neach-obrach ann a bhith a' cleachdadh IT gu ìre far a bheil na sgilean iomchaidh aca airson a bhith a' làimhseachadh dòighean-obrach coimpiutair gu misneachail is gu h-èifeachdach ann a bhith a' libhrigeadh phrògraman, no a bhith a' sòlarachadh taic iomchaidh IT.

## **F Slighean nas fharsainge is Com-pàirt**

Gus a bhith a' brosnachadh chothroman foghlaim is trèanaidh, ag àrdachadh slighean gu cothroman ionnsachaidh fad-beatha agus a' brosnachadh in-ghabhail shòisealta, bidh a' Cholaisde:

- A' leantainn ri bhith a' brosnachadh ionnsachaidh fad-beatha tro iomairtean in-ghabhail shòisealta agus a bhith ag àrdachadh com-pàirteachadh dhaoine ann an sgìrean bochda agus aig an aon àm a' sòlarachadh taic iomchaidh gus an cuideachadh gu bhith a' tighinn air adhart gu prògraman ionnsachaidh na Colaisde
- A' gabhail pàirt ann an Dealbhadh Ionnsachaidh Coimhearsnachd is Leasachaidh ann an dòighean a bhrosnaicheas cothroman foghlaim is trèanaidh do dhaoine fa-leth agus do luchd-fastaidh ann an àiteachan coimhearsnachd, agus aig an aon àm a' coinneachadh ri amasan poileasaidh farsaing Riaghaltas na h-Alba
- Ag obair le Fòram Com-pàirt Farsaing an Taobh Tuath ann am Foghlaim Adhartach is Àrd-ìre agus com-pàirtichean eile gus mothachadh air agus misneachd airson foghlaim obrach a bhrosnachadh a-measg sgoilearan agus buill eile sa choimhearsnachd
- Ag obair gu sùbailte le Comhairle Baile Obar Dheathain, Comhairle Siorrachd Obar Dheathain agus com-pàirtichean eile gus cumail ri bhith a' libhrigeadh chothroman ionnsachaidh is trèanaidh coimhearsnachd aig àrd-inbhe
- A' leantainn ri bhith tabhann chothroman Foghlam Bunaiteach Inbheach (ABE) mar phàirt de shòlarachaidh àbhaisteach na Colaisde agus a' tabhann tuilleadh ABE os cionn na bun-ìre ann an com-pàirt le Com-pàirtichean Litreachd is Àireamhachd riaghaltasan ionadail
- A' leantainn ri bhith a' tabhann chothroman Beurla do Luchd-labhairt Chànanan Eile (ESOL) mar phàirt de shòlarachadh àbhaisteach na Colaisde agus a' sòlarachadh tuilleadh ESOL fa chomhair barrachd iarratais far a bheil sin comasach
- A' leudachadh slighe do chlàr-oideachaidh na Colaisde le bhith a' leasachadh agus a' fastadh seallaidhean anasach a chum libhrigidh leithid ionnsachadh fosgailte, e-ionnsachadh agus ionnsachadh ceangailte tron choimpiutair
- A' sgrùdadh co-leasachaidh de stuthan teagaisg àrd-inbhe air-loidhne le buidhnean com-pàirt iomchaidh.

## **G Adhartachadh is Alt-labhairt**

Ag altram gluasad agus alt-labhairt oileanaich gu agus taobh a-staigh foghlaim adhartach agus eadar foghlam adhartach is foghlam àrd-ìre, bidh a' Cholaisde:

- Ag obair le foghlam àrd-ìre, luchd-fastaidh agus com-pàirtichean riaghaltais ionadail gus a bhith a' lughdachadh farpais gun fheum ach aig an aon àm a' cruthachadh slighean soilleir airson adhartas ann an co-theacs clàr-ama Riaghaltas na h-Alba a thaobh ionnsachaidh fad-beatha
- Ag obair leis an dà riaghaltas ionadail gus a bhith a' sòlarachadh chothroman foghlaim obrach do sgoilearan taobh a-staigh co-theacs pàipear Riaghaltas na h-Alba 'Com-pàirtichean Fad-beatha' agus a-rèir na goireasan a bhios rim faighinn
- A' cumail suas raon de dh'ìrean slighe gu cùrsaichean na Colaisde, iomchaidh do dh'ìrean eadar-dhealaichte fèin-fhiosrachaidh is ionnsachaidh ro-làimh, gus cothroman adhartais iomchaidh a shòlarachadh taobh a-staigh na Colaisde gu oilthigh no gu teisteanasan obair-stèidhiche
- A' dèanamh lèirmheas air liosta shòlarachaidh na Colaisde agus cur air adhart ath-ghluasadan sam bith ann an com-pàirt ri feadhainn eile gus adhartas fhaighinn gu sgrùdadh ìre ceum bho raointean a' chlàr-oideachaidh, far a bheil sin comasach.

## **H Bun Sgilean Ionadail**

Gus cur ri togail comais sgilean ionadail is sgìreil le bhith a' leasachadh clàr-oideachaidh a tha a' freagairt iarratais airson foghlaim obrach agus trèanaidh a' toirt a-steach, far a bheil sin iomchaidh, sgilean comais fastaidh is saoranachd, le taic bho co-obrachadh ann an com-pàirt le buidhnean iomchaidh, bidh a' Cholaisde:

- A' dèanamh cinnteach gu bheil leasachadh clàr-oideachaidh is dealbhadh phrògram fiosaichte le fianais nàiseanta agus sgrùdadh margaidh ionadail a dh'aithnicheas uireasbhuidh sgilean agus beàrnan sgilean ionadail is sgireil
- Ag obair le sgoiltean, riaghaltasan ionadail agus buidhnean eile gus cùrsaichean ann an raointean uireasbhuidh sgilean ionadail a bhrosnachadh
- Ag obair ann an com-pàirt le luchd-fastaidh gus cothroman foghlaim, trèanadh agus measaidh obair-stèidhichte a tha sùbailte, a shòlarachadh
- A' dèanamh lèirmheas agus tuilleadh adhartais air sgilean deatamach a leasachadh (comas-fastaidh, iomairt, tionnsgnadh, saoranachd ie eile) taobh a-staigh phrògraman làn-ùine gus adhartas is coileanadh luchd-ionnsachaidh a bhrosnachadh agus sòlar sgilean luachmhor eaconomach adhartachadh.

## I Co-obrachadh is Com-pàirtichean

Gus conaltradh agus co-obrachadh le com-pàirtichean nan raointean poblach, priobhaideach is saor-thoileach agus sòlaraichean eile, a neartachadh, bidh a' Cholaisde:

- A' cumail ag obair le com-pàirtichean oilthigh gus a bhith a' togail air an rèiteachadh alt-labhairt a th'ann agus ath-rèiteachadh le com-pàirtichean HEI, far a bheil sin deatamach, a-rèir poileasaidh Riaghaltas na h-Alba
- A' leudachadh comas ceangail na Colaisde le Oilthigh Raibeart Gòrdan gus a bhith a' còmhach raon farsaing de sheòrsan co-obrachaidh a' cumail ris a' Chùmhnant Co-Cholaisde
- A' cumail ri co-obrachadh le sgoiltean ionadail gus a bhith ag adhartachadh a' chlàr-oideachaidh acadaimigeach, gus cothroman obrach a shòlarachadh agus gus adhartas bhon sgoil gu foghlaim adhartach is àrd-ìre agus obair a bhrosnachadh
- A' cumail ri bhith a' cur ri obair Fòram a-Tuath airson Com-pàirt a Leudachadh ann am Foghlaim Adhartach is Àrd-ìre agus iomairtean co-cheangailte, gus an raon as farsaing de chothroman adhartas do luchd-ionnsachaidh inbheach fhaighinn
- Ag obair ann an com-pàirt le Colaisdean na h-Alba is na RA is le gnìomhachasan gus slighe, adhartas, sòlarachadh ionnsachaidh obair-stèidhichte, agus lughdachadh air as-ghabhail shòisealta, adhartachadh
- Ag obair leis an Aonaidh Eòrpa agus le institiudan ann an dùthchannan Eòrpach gus bun ionmhais a tharraing gus cumail ri planaichean gnìomhachd, farsaingeachd is leud a' chlàr-oideachaidh a tha ri fhaighinn àrdachadh, agus ceanglaichean co-bhuannachdail le com-pàirtichean foghlaim Eòrpach a dhaingneachadh
- Ag obair le coimhearsnachdan, gnìomhachas agus an roinn phoblaich agus a bhith an aithneachadh chothroman gus seasmhachd àrainneachd a choileanadh agus a bhrosnachadh aig ìre ionadail is eadar-nàiseanta
- A' cumail ag obair le Cùrsaichean-beatha na h-Alba gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh agus an fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith nan luchd-ionnsachaidh sa Cholaisde
- A' cumail ag obair le com-pàirtichean gus coinneachadh ri feumalachdan taice inbhich is dhaoine òga aig a bheil feum air taic a bharrachd e-rèir a' Chùmhnant Tha Com-pàirt Cudromach.

## J Clàr-oideachaidh Freagarrach is Sùbailte

Gus a bhith ag obair le cuid eile gus slighe do sheirbheisean na Colaisde adhartachadh, bidh a' Cholaisde:

- A' cumail ri bhith a' leudachadh chothroman gus a bhith ag obair le com-pàirtichean eile gus cothroman ionnsachaidh a shòlarachadh do bhuidhnean shònraichte ana-cothormach
- Ag obair le roinnean riaghaltasan ionadail iomchaidh agus buidhnean eile ann an com-pàirt gus dèanamh cinnteach gum faigh oileanaich le riatanasan ionnsachaidh a bharrachd a-steach don chlàr-oideachaidh, a' tarraing air an taic as urrainn a' Cholaisde agus buidhnean sònraichte a shòlarachadh
- Ag obair le riaghaltasan ionadail agus Cùrsaichean-beatha na h-Alba gus dèanamh cinnteach gum bi stiùireadh iomchaidh ro-shlighe ri fhaighinn leis na h-uile, a' toirt a-steach daoine le feumalachdan taic a bharrachd
- A' toirt air falbh, chun ìre gu bheil sin gu reusanta comasach, cnapan-stara a thaobh slighe don chlàr-oideachaidh, agus adhartachadh na bhroinn, ach a' cumail suas inbhean acadaimigeach is obrach
- A' brosnachadh slighe nas farsainge agus in-ghabhail le bhith a' sgrùdadh an raon teicneòlais a tha ri fhaighinn sa Cholaisde a tha a' cumail taic ri oileanaich aig a bheil feumalachdan a bharrachd.

## K Adhartas is Coileanadh Luchd-ionnsachaidh

Gus dèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean ionnsachaidh is teagaisg is taic èifeachdach gan sòlarachadh do luchd-ionnsachaidh gus an cuideachadh le adhartas, coileanadh toraidhean làn-inbhe agus a bhith a' ceangal a-steach do bheatha is obair na Colaisde, bidh a' Cholaisde:

- A' leasachadh a' phròiseas gnàthaichte aire-leasain gus dèanamh cinnteach gun urrainn a h-uile òraidiche inbhean air-leth math a choileanadh
- A' làn-dhaingneachadh An Àrainneachd Ionnsachaidh Brìgheil (VLE) ann am prògraman na Colaisde
- A' làn-chleachdadh sgilean an fheadhainn a tha an sàs ann an trèanadh is leasachaidh an luchd-teagaisg gus dèanamh cinnteach gun tèid amasan aontaichte an coileanadh
- A' cumail dàta Measadh Coileanadh Slat-tomhais gus aithne fhaighinn air raointean airson fòcas air ro-innleachdan gus tuilleadh adhartas fhaighinn air cumail suas is coileanadh
- A' dèanamh cinnteach gum bi làn cho-obrachadh eadar roinnean teagaisg is Seirbheisean Ionnsachaidh
- A' dèanamh cinnteach gum buannaich oileanaich bho raon de sheallaidhean teagaisg gus an fhèin-fhiosrachaidh iomlan aca a dhaingneachadh, gu sònraichte iadsan le ceangal ri teicneòlasan ùra
- A' toirt luchd-fastaidh gu mòr a-steach do dhealbhadh phrògraman gus dèanamh cinnteach gu bheil gach cuid sgilean làimhseachail is Sgilean Bog air am fighe a-steach do phrògraman
- A' làn-dhaingneachadh aonadan Bun-Sgilean le co-theacs teisteanas ann am prògraman obrach iomlan
- A' dèanamh lèirmheas agus tuilleadh leasachadh air Planaichean Ionnsachaidh Fa-leth air-loidhne mar phrìomh mheadhan airson cumail sùil air is a' dealbhadh ionnsachaidh
- A' dèanamh tuilleadh leasachaidh air seallaidhean 'clas gun phàipear' agus 'measgaichte'
- A' leasachadh raon de mhodhan measaidh air-loidhne, gach cuid cruthachail is iomlan, a cheadaicheas coileanadh thargaidean a chaidh an stèidheachadh thar na Colaisde airson measaidh air-loidhne
- A' làn-choileanadh Ro-innleachd Ceangail Neach-ionnsachaidh na Colaisde.

## Fream-obrach Poileasaidh nas Fharsainghe

**Tha planaichean leasachaidh na Colaisde na fhaileas air an àrainneachd poileasaidh nas fharsainghe taobh a-staigh gnìomhachd na roinne foghlaim adhartach. Tha an gealladh fìor àrdachadh fhaighinn ann an com-pàirt ann am foghlaim is trèanadh, agus a bhith a' brosnachadh slighe nas fharsainghe do sheirbheisean gus a bhith a' lughdachadh as-ghabail bho chothroman foghlaim, air a bhith air leth cudromach ann am poileasaidh an riaghaltais.**

Tron ùine dealbhaidh, bidh Colaisde Obar Dheathain cuideachd a' dèiligeadh ri grunn thèaman poileasaidh cudromach, a' toirt a-steach:

- A' dèanamh cinnteach gu bheil làn-ruigsinneachd aig daoine le feumalachdan ionnsachaidh a bharrachd gu cothroman foghlaim is trèanadh
- Sòlarachadh chothroman ionnsachaidh structurail do dhaoine le duilgheadasan eisimeileachd
- Brosnachadh leasachaidh Sgilean Bog - saoranachd, comas-fastaidh, seasmhachd àrainneachd
- A' tomhas, a' clàradh agus ag adhartachadh an 'astar siubhail' aig neach-ionnsachaidh, a-rèir Sgilean Bog agus àrdachadh càirdeis
- Àrdachadh air com-pàirt, cumail suas, coileanadh agus adhartachadh dhaoine òga nach eil gnìomhach anns a' mhargaidh obrach
- Cur ri leasachaidh sgilean iomlan, sòlarachadh trèanadh bun-sgilean, 'àrdachadh sgilean', agus a' dùnadh beàrnan sgilean
- Sòlarachadh foghlaim iomairt, a' toirt a-steach leasachadh ann an prìomh sgilean comas-fastaidh

- Leudachadh chothroman obrach shònraichte do dh'aoisean 14-16 bliadhna tro cho-obrachadh le sgoiltean
- Togail irean litreachd is àireamhachd inbheach
- Daingneachadh an SCQF thar sòlarachaidh na Colaisde agus a' toirt tuilleadh chothrom do aithne air ro-ionnsachaidh
- Cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri feumalachdan foghlaim is trèanadh fhògarraich don RA, a-rèir cànan (sòlarachadh ESOL) agus Bun-Sgilean.

## Leasachaidhean Eile

### Co-ionannachd

Tha Colaisde Obar Dheathain a' gealladh gum bi iad a' brosnachadh agus a' daingneachadh co-ionannachd agus a' casg lethbhreith anns gach raon den cuid obrach, agus dèanamh cinnteach gu bheil buidheann nan oileanach agus luchd-obrach na Colaisde a' cumail suas an riochdaireachd aca den choimhearsnachd ionadail.

San Òg Mhios 2008 dh'fhoillsich an Riaghaltas Pàipear Geal leis an t-ainm 'Frèam-obrach airson Àm ri teachd nas Cothromaiche – Am Bile Co-ionannachd'. Tha an reachdas ùr air a dhealbhadh gus cur às do ghànrachadh ann an lagh ana-lethbhreith agus an lagh sin a neartachadh. Bheir an Dleastanas Co-ionannachd ùr san roinn phoblach na trì raointean cinnidh, ciorram agus gnè còmhla agus an leudachadh gu ath-shonrachadh gnè, aois, taobhadh feise agus diadhachd neo creidimh.

Dèiligidh a' Cholaisde gu h-iomlan ris an riatanas ùr. Ann a bhith ag ullachadh airson an reachdas ùr a chur an gnìomh, bidh a' Cholaisde:

- A' leasachadh aon sgeama co-ionannachd a' còmhdach gach dual co-ionannachd
- A' leasachadh ro-innleachd ceannach a bheir a-steach an riatanas air luchd-ceannach co-ionannachd a bhrosnachadh
- Ag atharrachadh trèanadh fastaidh is taghaidh gus a bhith a' toirt a-steach ullachadh mun Dleastanas Co-ionannachd agus air cùisean co-cheangailte ri daoine thar-ghnè, agus na briathran ùra a thaobh gnìomhachd adhartach.

Tron ùine dealbhaidh, foillsichidh a' Cholaisde an sgeama singilte co-ionannachd ùr aca agus cuiridh iad planaichean gnìomh co-ionannachd bliadhnail an gnìomh. Ni iad cuideachd lèirmheas air mar a thathas a' tional agus a' foillseachadh fiosrachadh cumail sùil. Cumar Measaidhean Buaidh Co-ionannachd air poileasaidhean is cleachdaidhean gnàthaichte na Colaisde, agus bidh gach poileasaidh agus cleachdadh ùr fo mheasadh buaidh mar phàirt den phròiseas ceadachaidh.

Cumaidh a' Cholaisde ri bhith a' cur air adhart trèanadh air co-ionannachd is iomadachd do gach neach-obrach agus bidh seo na phàirt riatanach de Phrògram Leasachaidh Luchd-obrach na Colaisde.

Cumar a' dol co-chomhairleachadh le oileanaich is luchd-obrach a thaobh cùisean co-cheangailte ri co-ionannachd tro Chomataidh Co-ionannachd Chothroman na Colaisde, fòraman co-ionannachd is buidhnean conaltraidh oileanach is neach-obrach. Bidh a' Cholaisde cuideachd a' conaltradh le oileanaich aig nach eil uidhir de riochdachadh ann an cuid de raointean clàr-oideachaidh gus aithne fhaighinn air cùisean ris am feumar dèiligeadh.

### Ag obair le com-pàirtichean

Cumaidh a' Cholaisde a' brosnachadh sealladh ciallach air libhrigidh seirbheisean foghlaim is trèanadh le bhith ag obair le com-pàirtichean bho foghlaim, gnìomhachas, riaghaltasan ionadail, na roinnean slàinte is saor-thoileach.

Tron ùine dealbhaidh, bidh a' Cholaisde:

- A' cumail ri bhith a' leasachadh rèiteachadh com-pàirt le Comhairlean Baile Obar Dheathain is Siorrachd Obar Dheathain, agus a' gabhail pàirt ann an leasachadh Ro-innleachdan Ionnsachaidh Coimhearsnachd is Leasachaidh agus Planaichean Coileanaidh
- A' neartachadh an lìonra aca de cheanglaichean le oilthighean agus HEIn gus làn-aithne fhaighinn air ìre coileanaidh oileanaich na Colaisde nuair a ghluaiseas iad gu foghlaim adhartach

- A' cumail ag obair le sgoiltean fa-leth gus adhartas fhaighinn air na cothroman acadaimigeach agus obrach a tha ann do dhaoine òga air feadh raon seirbheis na Colaisde
- Ag obair gu dlùth le sòlaraichean trèanaidh eile gus ceanglaichean a neartachadh gus lughdachadh fhaighinn air farpais gun fheum agus gus làn-chleachdadh fhaighinn air goireasan a tha rim fhaighinn air ìre ionadail
- A' cumail suas co-obrachadh le Foyer Obar Dheathain agus Cyrenians Obar Dheathain gus cothroman foghlaim is trèanaidh a shòlarachadh do dhaoine bho bhuidhnean fo anacothrom
- Ag obair gu dlùth le raon de bhuidhnean fastaidh agus bhuidhnean riochdachaidh (m.e. Sgilean Togail, OPITO, Comhairle Sgilean Roinne, SNIPEF) gus cothroman a sgrùdadh airson sòlarachadh trèanaidh a leudachadh gus cuideachadh le bhith a' ceartachadh dith sgilean aig ìre ionadail is nàiseanta
- Ag obair le Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS) agus gnìomhachasan ionadail gus àrdachadh fhaighinn air com-pàirt ann am prògraman stèidhichte leithid Luchd-siridh Sgilean agus Foghlamaichean-ciùird Nuadh
- A' sàr-leasachadh an co-obrachadh soirbheachail le Fòram a-Tuath airson Com-pàirt a Leudachadh ann am Foghlaim Adhartach is Àrd-ìre
- A' sàr-leasachadh a' chùmhnaidh co-obrachaidh le Seirbheis Smàlaidh is Saoraidh Roinn a' Mhonaidh a leigeas leis a' Cholaisde cùrsaichean a lìbhrigeadh aig stèiseanan smàlaidh san Ear-Thuath
- Ag obair le grunn chom-pàirtichean gus dèiligeadh ri amasan is rùintean poileasaidh ionadail is nàiseanta dha daoine nach eil aig an àm seo an sàs ann am foghlaim, obair neo trèanaidh.

## Ro-innleachdan na Colaisde

### Adhartas sàr-mhaitheis

Tha gealladh fad-ùine aig Colaisde Obar Dheathain gus dèanamh cinnteach gun toir iad seachad seirbheis foghlaim is trèanaidh àrd-inbhe do dh'oileanaich is do luchd-fastaidh. Tron ùine dealbhaidh aca, bidh fòcas ro-innleachd adhartas inbhe na Colaisde air:

- A bhith an sàs le luchd-ionnsachaidh ann a bhith ag àrdachadh an t-ionnsachaidh aca fhèin agus ann an obair is beatha na Colaisde
- Dèanamh cinnteach gu bheileas a' coinneachadh ri sàr-inbhean nam buidhnean duais
- Dèanamh cinnteach gu bheil sàr-inbhean na Colaisde a-rèir riatanasan Rèiteachadh Inbhe Thaobh a-Muigh Seirbheis Sgrùdadh Foghlaim na Ban-rìgh airson Colaisdean na h-Alba
- Cur air adhart fèin-mheasadh èifeachdach airson sàr-adhartais mar phàirt de Lèirmheasan Prògram Bliadhnail, Lèirmheasan Cuspair agus Lèirmheasan Roinne
- Cuairteachadh is daingneachadh cleachdadh math
- Fèin-mheasadh èifeachdach airson sàr-adhartais thar-Colaisde
- Criochnachadh prògram sgrùdadh bliadhnail
- Coileanadh prìomh thargaidean coileanadh co-cheangailte ri cumail grèim air oileanaidh is coileanadh, agus inbhean cumail sùil aig leasan
- Dèanamh lèirmheas air gach pròiseas gnìomhachd gus cumail ri èifeachdachd is comas agus gus tuilleadh lughdachaidh fhaighinn air cosgaisean rianachd
- Toirt a-steach cuspairean sàr-inbhe agus sàr-adhartais ann am prògraman bliadhnail Leasachaidh Luchd-obrach.

Chaidh aithne a thoirt do gheallaidh na Colaisde a thaobh sàr-adhartais le bhith a' cosnadh grunn shàr-inbhean agus dhuaisean. Anns an t-Òg Mhios 2009 fhuair a' Cholaisde dearbhadh air na coileanaidhean a leanas:

- Ath-mheasadh soirbheachail airson Inbhe Sàr-mhaitheis Seirbheis Neach-ceannach, a chaidh fhaighinn airson a' chiad uair san Òg Mhios 2008, le inbhe gèillidh 100% ga thoirt seachad airson an dàrna uair (Tha an duais roimhe seo, Comharra Clàraichte airson Seirbheis Luchd-ceannach, air a bhith aig a' Cholaisde gun stad bho 1994).
- Coileanadh Inbhe Siostam Riaghlaidh Àrainneachd BSI ISO14001:2004, le còig raointean sàr-chleachdadh air a chlàradh san Aithisg Mheasaidh.

- Creideas an-aghaidh a' mhachlag Inbhe airson Seirbheis Stiùiridh na Colaisde.

Bun-sgoil chòir aire a thoirt do na coileanaidhean a leanas thar na bliadhnaichean a dh'fhalbh:

- Fhuair a' Cholaisde duais inbhe Luchd-tasgaidh Dhaoine (IIP) 5 tursan. Ann an 2006 fhuair a' Cholaisde Duais Coileanaidh 10 Bliadhna IIP agus Duais Leasachaidh IIP Dhaoine na h-Alba, agus ann an 2007 Inbhe Fastaidh is Taghaidh IIP.
- Tha creideas gu BS EN ISO 10002:2004 aig Siostam Riaghlaidh Ghearannan na Colaisde.
- Tha coileanaidhean eile a' toirt a-steach Duais Bunait Inbhe na h-Alba airson Sàr-mhathais Gniomhachais, Teisteanas Sàr-mhathais bho Bhunait na h-Eòrpa airson Sàr-riaghlaidh; 5 Duaisean UK Beacon agus raon de dhuaisean bhon SQA agus SFEU.

Tron ùine dealbhaidh cumaidh a' Cholaisde a' cur a-steach airson raon de dhuaisean is inbhean taobh a-muigh, a' toirt a-steach inbhean co-cheangailte ri bhith a' brosnachadh co-ionannachd is iomadachd.

## Leasachadh Oighreachd na Colaisde

Tha planaichean làn-stèidhichte aig a' Cholaisde airson an oighreachd aice a leasachadh, an tuairmse cosgais as ùire airson na planaichean sin a chur an gnìomh a' streap faisg air c£110,000,000. Tha ro-innleachd na Colaisde a' faighinn aonta, ann am prionnsabal, bhon SFC le cead ga thoirt don Cholaisde gluasad air adhart le Ìre a h-Aon den ro-innleachd. Am broinn seo tha Goireas Togail ùr air làrach Altens còmhla ri stèidheachadh 'campaichean-beaga' ann an Ealain, Inbhir Uraidh agus Cala nan Clach; agus, leasachadh obair-dealbh airson campa ùr ann am Baile Obar Dheathain agus ath-leasachadh air Ionad Ghòrdain.

Chaidh Ionad Ionnsachaidh Colaisde Obar Dheathain (Inbhir Uraidh) a chur an gnìomh san Lùnastal 2009, agus chaidh fhosgladh gu h-oifigeil leis an Fhìor Urramach Ailig Salmond BPA san t-Sultain 2009. Tha an Ionad Colaisde ùr seo stèidhichte ann an campa Acadamaidh Inbhir Uraidh, ach is e togalach fa-leth a th'ann le inntreigeadh is imeachd gu tur neo-eisimeileach. Chaidh an Ionad ath-sgeadachadh chun aon àrd-ìre ri Aonadan eile na Colaisde agus tha e a' toirt a-steach trì seòmraichean àbhaisteach teagaisg is ionnsachaidh agus Seòmraichean IT. Mar phrìomh phàirt de Ro-innleachd iomlan Leasachaidh Oighreachd na Colaisde, leigidh an Ionad ùr seo leis a' Cholaisde com-pàirt luchd-ionnsachaidh ann an sgìre Siorrachd Obar Dheathain àrdachadh. A' coinneachadh ri sgrùdadh margaidh san sgìre ionadail, tha cùrsaichean rin tabhann san Ionad ùr a' toirt a-steach: IT; Duaisean Stiùiriche Spòrs Coimhearsnachd; Duais Cuidichean Ionnsachaidh PDA, agus Ro-radh do Obair Òigridh. A bharrachd air an sin, thèid cùrsaichean Sgilean airson Obair ann an Cùraim a shòlarachadh do sgoilearan. Tha còmhraidhean a' dol air adhart gus goireas den aon seòrsa fhaighinn air taobh a-deas a' Bhaile.

Thèid an Goireas Togail ùr a thogail ri taobh an Ionad Altens a th'ann an-dràsta, agus na bhroinn bidh bùthan-obrach agus seòmraichean airson saorsainneachd, cùrsaichean dealain is plumaireachd, a bharrachd air leabharlann ùr, ionad goireasan ionnsachaidh, seòmraichean innealtachd, agus àiteachan ithe. Ath-ghluaisidh cùrsaichean togail a thathas an-dràsta a' libhrigeadh aig Ionad Gallowgate na Colaiste chun goireas ùr Altens nuair a dh'fhosglas sin do dh'oileanaich san Lùnastal 2010.

## Machlag Creideas Ìnbhe den t-Seirbheis Stiùiridh

San t-Òg Mhios 2009 choisinn an Sgioba Stiùiridh cùl-sgrìobhadh ìnbhe machlag ainmeil airson lìbhrigeadh gu h-èifeachdach seirbheisean taic do luchd-cleachdaidh Colaisde Obar Dheathain. Is e ìnbhe machlag an sàr-ìnbhe nàiseanta airson buidheann sam bith a libhrigeas fiosrachaidh, comhairle is stiùireadh a thaobh ionnsachaidh is obair. An àite fòcas a bhith air fianais pàipear, bidh luchd-measaidh bhon mhachlag a' cleachdadh na chì, na chluinneas agus na dh'fhiosraicheas iad ann am buidheann gus innse dhaibh a bheil na h-ochd prionnsabalan den Ìnbhe gan coileanadh. Bidh fòcas aca air na a' tachart da-rireabh, a' gabhail aire de thoraidhean làimhseachail phròiseasan, phoileasaidhean is cheumannan. Chan eileas a' toirt seachad creideas ach nuair a bhios gèilleadh aig ìre 100% an-aghaidh gach cuid de na slatan-tomhais.

'Se tha creideas ìnbhe machlag a' ciallachadh do dh'oileanaich a dh'fhaodadh a thighinn, gun deach ath-bheachdachadh is ath-sgrùdadh a dhèanamh air stuthan foillseachaidh is margaideachd na seirbheis gus dèanamh cinnteach gum bithear a' stiùireadh dhaoine chun luchd-obrach as iomchaidh airson stiùireadh iomchaidh ro-inntrigidh.

'Se tha creideas ìnbhe machlag a' ciallachadh do dh'oileanaich gu bheil slighe aca airson fiosrachaidh, comhairle is stiùireadh nuair a bhios iad feumach air fhaighinn tro chòmhradh dìreach, post-d, an eadar-lìn, fòn, StudentNet no an Àrainneachd Ionnsachaidh Brìgheil (VLE).

'Se tha creideas ìnbhe machlag a' ciallachadh do ar com-pàirtichean gu bheil iad mothachail gu bheil iad a' dèiligeadh ri sàr-sheirbheis fiosrachaidh, comhairle is stiùiridh a tha gu làimhseachail a' gluasad agus a' gabhail ri ro-innleachdan ùra gus coinneachadh ri feumalachdan luchd-cleachdaidh. Thèid sàr-chleachdadh a roinneadh a-measg na buidhnean math a shoirbhich le bhith a' cosnadh creideas.

'Se tha creideas ìnbhe machlag a' ciallachadh don Sgioba Stiùiridh gu bheileas a' sòlarachadh seirbheis sùbailte a tha a' coimhead air adhart, aig a bheil misneachd is taic gus a bhith a' leasachadh a chleachdaidh aice mar mhodail libhrigidh fiosrachaidh, comhairle is stiùiridh èifeachdach don h-uile neach-cleachdaidh aig Colaisde Obar Dheathain.

An-dràsta chan eil ach naoi togalaichean foghlaim air feadh na h-Alba a shoirbhich le bhith a' faighinn creideas an-aghaidh na h-ìnbhe nàiseanta seo – ochd oilthighean agus Colaisde Obar Dheathain.

## Ro-innleachd Leantainneach Gnìomhachais

Tha a' Cholaisde air Ro-innleachd Leantainneach Gnìomhachais a leasachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil i làn-uidheamaichte gus dèiligeadh ri tachartasan a dh'fhaodadh casg a chuir air na seirbheisean àbhaisteach aice. Is e prìomh co-phàirtean an ro-innleachd:

- Dèanamh cinnteach gu bheil plana gnìomhachais leantainneach aig gach làrach Colaisde
- Sgrùdadh a dhèanamh mu àite-fuirich eile ri fhaighinn agus aonta a shireadh a thaobh cleachdaidh mar ghoireas ùine-ghoirid no meadhan-ùine
- Lughdachadh cothrom tachartas sam bith tro phrògraman casgach agus cumail suas ceartachaidh.

## Ro-innleachd Leasachaidh Cùrsa

Tha a' Cholaisde a' gealltainn a bhith a' leasachadh raon de shòlarachaidh gus coinneachadh ri feumalachdan aithnichte bhuidhnean-cleachdaidh. Gus dèanamh cinnteach gun tachar seo bidh a' Cholaisde:

- A' stèidheachadh leasachaidhean cùrsa ùr air sgrùdadh margaidh co-eagarach
- A' dèanamh tuilleadh leasachaidh air raon de chùrsaichean mar a bhios sin riatanach a-rèir feumalachdan luchd-cleachdaidh agus soilleireachd comas beatha fa-leth
- A' dèanamh cinnteach gu bheil cùrsaichean ìre inntrigidh iomchaidh agus slighean adhartais iomchaidh anns gach raon obrach
- A' dèanamh tuilleadh leasachaidh air dòighean-obrach airson cùrsaichean an libhrigeadh, a' toirt a-steach seallaidhean stèidhichte air coimpiutair

- Ag iomlanachadh teicneòlas ùr, cùisean co-ionannachd chothroman agus àrainneachd far a bheil sin comasach is iomchaidh
- A' taghadh dreach de theisteanachadh a tha iomchaidh don phrògram is do fheumalachdan luchd-cleachdaidh.

## Ro-innleachd Bun-sgilean

Mar phàirt de iomairt an Riaghaltais gus bun-sgilean litireachd is àireamhachd adhartachadh, bidh a' Cholaisde ag obair le buidhnean com-pàirt gus:

- Leudachadh sòlarachadh bun-sgilean gnàthaichte ri fhaighinn gu àiteachan ùra is airson luchd-cleachdaidh ùra
- Prògraman ùra a leasachadh gus adhartas fhaighinn air bun-sgilean, a' toirt a-steach prògraman ionnsachaidh stèidhichte air coimpiutair
- Trèanadh a thoirt do luchd-obrach na Colaisde ann a bhith a' faighinn a-mach dè na bun-sgilean a tha aig oileanaich fa-leth agus aithne fhaighinn air seallaidhean teagaisg iomchaidh gus taic a chumail rin cuid ionnsachaidh.

## Ro-innleachd Leasachaidh na h-Oighreachd

Tha am Bòrd Stiùiridh air gabhail ri Ro-innleachd Leasachaidh na h-Oighreachd a tha ag aithneachadh na goireasan corporra a tha deatamach airson leasachaidh na Colaisde san àm ri teachd. Bidh a' Cholaisde ag obair le Comhairle Maoineachaidh na h-Alba gus an ro-innleachd adhartachadh agus prògram a stèidheachadh gus oighreachdan na Colaisde a leasachadh.

## Ro-innleachd Teicneòlasan Fiosrachaidh is Ionnsachaidh (ILT)

Tha gealladh na Colaisde a thaobh cleachdaidh meadhanan dealanach ann a bhith a' libhrigeadh ionnsachaidh a' toirt a-steach gach cuid an àrd-ùrlar e-ionnsachadh a tha a' dèanamh ionnsachadh taobh a-muigh na Colaisde comasach, agus a' ceangal a-steach meadhanan dealanach gu prìomh shòlarachaidh na Colaisde. Tha Ro-innleachd ILT na Colaisde a' stèidheachadh am frèam-obrach far a bheileas a' cleachdadh na meadhanan dealanach gus a bhith nam pàirt èifeachdach ann an ionnsachaidh bhuidhnean oileanach eile.

## Ro-innleachd Teicneòlas Fiosrachaidh is Conaltraidh (ICT)

Tha Colaisde Obar Dheathain a' gealltainn gun ceangal iad ICT a-steach do gach cuid na cùrsaichean aca agus a' phròiseas stiùiridh is rianachd. Is e prìomh chùisean na ro-innleachd a bhith:

- Ag àrdachadh àireamh ghoireasan ICT a tha rim faighinn agus gan cleachdadh le oileanaich is luchd-obrach
- A' dèanamh cinnteach gu bheileas ag ùrachadh goireasan ICT gun stad a-rèir leasachaidhean teicneòlais
- A' sòlarachadh raon farsaing de chùrsaichean ICT, agus a' dèanamh lèirmheas orra gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a-rèir an latha
- A' leasachadh seirbheisean eadar-lìn taobh a-staigh agus taobh a-muigh a-rèir feuma aithnichte.

## Ro-innleachd In-ghabhail Figearail

Is e am poileasaidh nàiseanta a bhith a' sòlarachadh slighe gu seirbheisean is goireasan figearail agus le slighe gu fiosrachaidh is seirbheisean air-loidhne, airson earrann den t-sluagh a tha cho farsaing sa ghabhas. A-rèir a' phoileasaidh seo, bidh a' Cholaisde:

- A' dèanamh cinnteach gus bheil am bathar-cruaidh is am bathar-bog a bheir iad dha na h-oileanaich a-rèir a' ghinealaich gnàthaichte
- A' cumail suas raon de chùrsaichean trèanaidh co-cheangailte ri ICT, cùrsaichean air an dealbhadh gus a bhith a' brosnachadh litireachd lìonra agus tuigse den eadar-lìn agus na seirbheisean a gheibhear oirre
- A' co-obrachadh le comhairlean ionadail a thaobh leasachaidh teicneòlais is trèanaidh ann an àiteachan coimhearsnachd
- A' leasachadh litireachd IT mar phàirt de phrògraman na Colaisde far a bheil sin iomchaidh
- A' sòlarachadh chothroman do bhuill na coimhearsnachd gus an cuid cleachdaidh den eadar-lìn a leasachadh.

## Ro-innleachd Ionnsachaidh is Teagaisg

Tha a' Cholaisde a' gealltainn gus sòlaraich iad cothroman ionnsachaidh sàr-inbhe do dh' oileanaich, a tha iomchaidh a-rèir na feumalachdan is na h-iarrtasan aca. Tha an ro-innleachd a' mìneachadh bun-gheallaidhean agus bun-shùileachaidh na Colaisde air mar a tha na prògraman gan libhrigeadh.

Is e prìomh eileamaidean na ro-innleachd:

- Dèanamh cinnteach gu bheil pròiseas leasachaidh is lèirmheas gach cùrsa èifeachdach ann a bhith a' cumail suas àireamh ciallach de shòlarachaidh àrd-inbhe
- Dèanamh cinnteach gu bheil dòighean iomchaidh gan cleachdadh gus coinneachadh ri feumalachdan dhaoine fa-leth is bhuidhnean
- Sòlarachadh stuthan ionnsachaidh is goireasan a tha iomchaidh airson gach seòrsa sòlarachaidh
- Cleachdadh teicneòlasan iomchaidh gus taic a chumail ri ionnsachaidh èifeachdach
- Dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach gu h-ìomlan a' faighinn trèanadh agus taic a thaobh dòighean agus sgilean iomchaidh gus an sòlaraich iad teagasg agus taic àrd-inbhe do dh'oileanaich.

## Cuairteachadh Sàr-chleachdaidh sa Chlàr-oideachaidh

Tha a' Cholaisde a' gealltainn a bhith a' sòlarachadh an ìre as àirde de chothroman ionnsachaidh is teagaisg do gach oileanach. Ann a bhith a' dèanamh sin, thathas an dùil gun cleachd luchd-teagaisg gu h-ìomlan sàr-chleachdadh agus nuadh-chleachdadh anns a' chlàr-oideachaidh.

Is e prìomh eileamaidean na ro-innleachd a bhith:

- A' dèanamh cinnteach gun aithnich gach neach-obrach sàr-chleachdadh agus gun cur iad sin an gnìomh thar a' chlàr-oideachaidh agus anns gach modh frithealaidh.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil gach neach-obrach a' tuigsinn na buannachdan a thig bho bhith a' roinneadh sàr-chleachdaidh le co-luchd obrach.
- A' cuideachadh luchd-obrach le bhith ag aithneachadh agus a' cuairteachadh sàr-chleachdaidh.
- A' cur taic ri tachartasan cuairteachaidh sàr-chleachdaidh airson gach neach-obrach.
- A' tomhas an ìre gu bheil buannachdan cuairteachaidh sàr-chleachdaidh a' toirt buaidh mhath air fèin-fhiosrachaidh nan oileanach.
- A' gabhail os làimhe aire air an t-seòmar-teagaisg gus dèanamh cinnteach gu bheil sàr-chleachdaidh ga chur an gnìomh anns gach buidheann agus a-rèir feumalachdan dhaoine fa-leth taobh a-staigh na buidhne.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach fa-leth a' gabhail uallach airson a bhith a' daingneachadh sàr-chleachdaidh ann am fèin-fhiosrachadh ionnsachaidh is teagaisg nan oileanaich aca.
- A' dèanamh cinnteach gu bheileas a' làn-chleachdadh teicneòlas gus sàr-chleachdadh agus nuadh-chleachdadh a chuairteachadh thar a' chlàr-oideachaidh.

## Ro-innleachd Goireasan Ionnsachaidh

Tha a' Cholaisde a' cleachdadh raon farsaing de ghoireasan ionnsachaidh gus taic a chumail ri ionnsachaidh nan oileanach, a' toirt a-steach stuthan pàipear agus meadhanan dealanach. Ann an cuid de chùisean, tha iad sin air an riaghladh sa mheadhan, mar eisimpleir, ann an leabharlannan na Colaisde, agus an an àiteachan eile le Roinnean na Colaisde. Is e adhbhar na ro-innleachd seo a bhith a' sòlarachadh sealladh ciallach agus seasmhach ann a bhith a' leasachadh agus a' cleachdadh na goireasan sin anns an dòigh as èifeachdaiche gus coinneachadh ri feumalachdan raon de bhuidhnean oileanaich.

## Ro-innleachd Measaidh

Tha a' Cholaisde ag aithneachadh gu bheil measadh na phrìomh phàirt de ionnsachadh èifeachdach a dh'aithnicheas far a bheil an oileanach a' tòiseachadh, a chumas sùil air adhartas, a dh'aithnicheas raointean airson tuilleadh leasachaidh, a chlàras sgilean agus eòlas a fhuaras, agus a thomhasas an 'astar a chaidh a shiubhail' a dh'ionnsaigh suidheachaidhean-sgil coitcheann farsaing a choileanadh.

Tha ro-innleachd na Colaisde air a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gun dèanar measadh na Colaisde ann an dòigh eagarach, a-rèir riatanasan sàr-inbhe taobh a-muigh is taobh a-staigh, agus gu bheil i beachdail is seasmhach, ach aig an aon àm a' dèanamh atharrachaidhean reusanta gus toirt a-steach feadhainn le feumalachdan a bharrachd.

Tha an ro-innleachd cuideachd a' stèidheachadh gealladh na Colaisde a thaobh sealladh iomlan air cleachdadh dòighean measaidh air-loidhne, a tha a' fàs nas cudromaiche do dh'obair na Colaisde.

## Ro-innleachd Glèidhidh is Coileanaidh

Tha a' Cholaisde a' gealltainn a bhith a' leasachadh, a' tabhann agus a' libhrigeadh phrògraman a tha a' coinneachadh ri feumalachdan chom-pàirtichean (an neach-ionnsachaidh, coimhearsnachdan ionadail agus luchd-fastaidh) a' cleachdadh dhòighean a tha a' brosnachadh ruigsinneachd agus sùbailteachd agus a' stiùireadh gu ìrean àrd de ghlèidhidh is coileanaidh. Is e prìomh eileamaidean na ro-innleachd seo a bhith stèidheachadh agus a' cur an gnìomh rèiteachadh a tha nas èifeachdaiche buileach co-cheangailte ri:

- Dealbhadh prògram, dealbhadh is brosnachadh
- Pròiseasan ionnsachaidh is teagaisg, co-theacsan is dealbhaidh
- Stiùireadh, taic is stèidheachadh ceann-uidhe do luchd-ionnsachaidh
- Riaghladh frithealaidh
- Prògraman leasachaidh do luchd-obrach gus taic a chumail ris a' phròiseas ionnsachaidh is teagaisg
- Cumail sùil is lèirmheas.

## Ro-innleachd Gabhail an-sàs Luchd-ionnsachaidh

Tha gabhail an-sàs luchd-ionnsachaidh daingnichte ann an cultar, cleachdaidhean, pròiseasan agus modhan-obrach Colaisde Obar Dheathain. Tha an Ro-innleachd ag aithneachadh an raon de chothroman ceangail a tha rim faighinn e oileanaich agus oileanaich a dh'fhaodadh a thighinn a dh'fhaodadh bualadh air, buaidh a thoirt agus a neartachadh an fhèin-fhiosrachaidh iomlan aca sa Cholaisde, agus tha seo a' mìneachadh gealladh na Colaisde mar a bhith:

- Ag aithneachadh cothroman gnàthaichte do luchd-ionnsachaidh a bhith an sàs
- Ag aithneachadh dleastanas Comann Oileanaich Colaisde Obar Dheathain ann an bhith an sàs le luchd-ionnsachaidh
- Ag aithneachadh chothroman a dh'fhaodadh a bhith ann san àm ri teachd a thaobh luchd-ionnsachaidh a bhith an sàs
- A' nochdadh mar as urrainn a bhith a' tomhas buaidh iomlan an raon de chothroman a tha ann airson luchd-ionnsachaidh a bhith an sàs.

## Ro-innleachd in-ghabhail

Tha a' Cholaisde a' gealltainn a bhith a' brosnachadh clàr-gnothach co-ionannachd chothroman is in-ghabhail ann am fastaidh agus slighe seirbheisean foghlaim is trèanaidh a tha i a' sòlarachadh. Tha an Ro-innleachd In-ghabhail a' stèidheachadh mar as urrainn don Cholaisde coinneachadh ris a' ghealladh aice mar fhastaiche is mar shòlaraiche seirbheis do chiorramaich agus aig an aon àm a' cumail ri Achd Lethbhreith Ciorram 1995 agus Achd Feumalachdan Sònraichte Foghlaim is Ciorram 2001 agus Achd Atharrachaidh Dàimhean Cinnidh Act. Bidh an ro-innleachd a' dèiligeadh ri:

- Seirbheisean do dh'oileanaich
- Adhartasan san àrainneachd corporra
- Fastadh luchd-obrach.

## Ro-innleachd Sgilean Bog

Tha a' Cholaide ag aithneachadh, a bharrachd air sgilean a tha sònraichte do raointean obrach is acadaimigeach, gu bheil sgilean, beachdan agus seòrsa tuigsinn ann a tha gnèitheach, comasach an cuir thairis agus iomchaidh do gach raon de ar beatha.

Tha na sgilean sin air an ainmeachadh mar Sgilean Bog agus tha a' Cholaisde air am mìneachadh an n an ceithir meallan:

- Sgilean Saoranachd
- Sgilean Seasmhach Àrainneachd
- Sgilean Fastaidh
- Sgilean Sgrùdaidh.

Bidh a' Cholaide a' leasachadh Sgilean Bog nan oileanach tro chothlamadh de fhèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh stèidhichte air beatha làitheil na Colaisde, raointean air leth den chlàr-oideachaidh, fiosrachadh thar-clàr oideachaidh agus gnìomhachd a' toirt a-steach ceanglaichean le com-pàirtichean ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta.

## Ro-innleachd Seasmhachd Àrainneachd

Tha a' Cholaide a' gealltainn cumail ri seasmhachd àrainneachd, far nach eil feumalachdan an latha 'n diugh a' dol an-aghaidh comas na ginealaichean ri thighinn coinneachadh ris na feumalachdan aca fhèin agus thathas a' gealltainn cumail ris an dà ghnè seasmhachd is saoranachd cruinne cunntasach. Gus a bhith a' brosnachadh agus a' leasachadh seasmhachd àrainneachd, bidh a' Cholaide:

- A' cleachdadh gach cuid an clàr-oideachaidh is CPD gus a bhith a' brosnachadh eòlas, beachdan is sgilean a leigeas le daoine fa-leth a thighinn gu co-dhùnaidhean fiosraichte co-cheangailte ri buaidh a' ghnìomhachd aca air an àrainneachd
- Ag obair ann an dòighean a tha a' brosnachadh àrainneachd cruinne seasmhach tro bhith a' lughdachadh, ag ath-chleachdadh agus ag ath-chuairteachadh far a bheil sin comasach, agus a' coileanadh modhan-obrach riarachaidh sàbhailte is modhanail
- A' leasachadh agus a' roinneadh sàr-chleachdaidh gus buaidh a thoirt air a' choimhearsnachd ann an dòigh adhartach, a' sireadh sàs gu cruthachail is gu iomadach, agus a' leasachadh chothroman do na h-uile
- A' tomhas, far a bheil sin comasach is reusanta, làrach-coise gualain làraichean na Colaisde agus a bhith a' lughdachadh leigeil CO<sub>2</sub> fa sgaoil a bharrachd air cuir an-aghaidh gualan.

## Ro-innleachd Goireasan Daonna

Tha Ro-innleachd Goireasan Daonna na Colaisde air a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' Cholaide a' sòlarachadh fèin-fhiosrachaidh adhartadh do dh'oileanaich agus aig an aon àm, a' cleachdadh goireasan luchd-teagaisg ann an dòigh a tha buadhach is èifeachdach. Mar phàirt den ro-innleachd seo, bidh a' Cholaide:

- A' cur fòcas air coileanadh iomhaigh iomchaidh don luchd-obrach
- A' dèanamh cinnteach gu bheil ìre iomchaidh de theisteanasan acadaimigeach is proifeasanta aig luchd-obrach agus gu bheil sgilean is comasan air an ùrachadh bho àm gu àm.
- A' cumail sùil air an leasachadh leantainneach proifeasanta anns a bheil an luchd-obrach gu h-iomlan an sàs
- Ag adhartachadh slàinte is sar-mhaitheis luchd-obrach na Colaisde le bhith ag obair le sòlaraichean slàinte-obrach gus raon de ghnìomhachd brosnachaidh slàinte a chur an gnìomh
- A' sòlarachadh prògram farsaing de thrèanadh co-ionannachd chothroman gu sònraichte a' còmhdach feise, cinneadh agus lethbhreith ciorram agus sùil a chumail air cleachdaidh tro sgrùdaidh inbhe
- A' sòlarachadh trèanadh is leasachaidh a thaobh cùisean dìon chloinne airson luchd-obrach gu h-iomlan gus dèanamh cinnteach gum bi a' Cholaide a' coinneachadh ris na dleastanasan reachdail aice.

### Giorrachaidhean

CPD                      Leasachadh Leantainneach Proifeasanta

HEI	Institiud Foghlaim Adhartach
HMIe	Seirbheis Sgrùdaidh Foghlaim na Ban-rìgh
OPITO	Buidheann Trèanaidh Gnìomhachais Creag-ùillidh Oirthir
SCQF	Frèam-obrach Teisteanasan Creideis na h-Alba
SFEU	Aonad Foghlaim Adhartach na h-Alba
SNIPeF	Caidreachas Luchd-fastaidh Plumaireachd na h-Alba is Eirinn a-Tuath
SQA	Ùghdarras Teisteanasan na h-Alba
TQFE	Teisteanas Teagaisg (Foghlam Adhartach)

Tha Colaisde Obar Dheathain a' gealltainn a bhith a' brosnachadh co-ionannachd agus cur às do lethbhreith mì-laghail. Gheibhear leth-bhreacan de Phoileasaidh Iomadachd is Co-ionannachd na Colaisde agus na Sgeamachan Cinnidh, Gnè is Ciorram aice air làrach-lìn na Colaisde.